

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmar na Comhairle, Prìomh Oifis na Comhairle, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis air Diciadain 30 Lùnastal 2023 aig 10.30m.

An làthair:

Mgr C Aitken (air astar)

Mgr R Bremner

Mgr I MacIllaDhuinn

A' Bh-uas I Chaimbeul (air astar)

A' Bh-uas S Fanet

Mgr I Grafton (air astar)

Mgr P Logue (air astar)

Mgr U MacAoidh (air astar)

Mgr D Mac a' Mhuilleir (air astar)

Mgr C Rothach

A' Bh-uas M Nolan (air astar)

A' Bh-uas M NicPheadrais

Mgr R Stiùbhart (air astar)

Neo-bhuill cuideachd an làthair:

Mgr I MacFhionnlaigh

A' frithealadh na coinneimh:

Mgr S Friseal, Ceannard Laghail agus Riaghlachais

A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas M A NicLeòid Mitchell, Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas M Mulholland, Oifigear Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd

A' Bh-uas Jo NicDhòmhnaill, Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh (air astar)

A' Bh-uas S NicIlinnein, Manaidsear Cho-Sheirbheisean Deamocratach

A' Bh-uas R Ros, Oifigear Comataidh

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.

Mgr C Rothach anns a' Chathair

Gnothach

1. Gairm a' Chlàir agus Leisgeulan

Ghabhadh leisgeul às leth na M-uas L Niven.

2. Foillseachaidhean Com-pàirt/Aithris Fhollaiseachd

Cha robh Foillseachaidhean Com-pàirt/Aithrisean Follaiseachd sam bith ann.

3. Naidheachdan Matha

Às dèidh do Bhuill coileanaidhean sònraichte fa leth a chomharrachadh, thug an Cathraiche seachad na naidheachdan matha a leanas:-

- chaidh fàilte a chur air tidsearan pròbhaidh Gàidhlig gu sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd agus barrachd ann am-bliadhna na bha riamh roimhe;

- chaidh maoin eachadh fhaighinn bho Mhaoin Phlanaichean Gàidhlig Bhòrd na Gàidhlig. Bhiodh am maoin eachadh seo na chuideachadh le cleasan neo-churraicealach Gàidhlig agus le bhith a' leasachadh phròiseactan, a' gabhail a-steach Breith gu Trì;
- bha Fèis Blas gu bhith a' dol air adhart bhon 1–9 Sultain le prògram sgoinneil de thachartasan ann an grunn àiteachan air feadh na Gàidhealtachd;
- chaidh trèanadh oidean Gàidhlig a chumail ann an Inbhir Nis o chionn ghoirid agus chòrd seo gu mòr ris na bha an làthair;
- bha Buill toilichte faicinn gun deach Prògram Chleasan Samhraidh cho farsaing a chumail am-bliadhna;
- chaidh Làithean Cultair a chumail ann an sgoiltean Chille Mhoire agus Stafainn agus bha iad soirbheachail dha-rìribh;
- bha mòran dhaoine òga an làthair aig cleasan is tachartasan FC Sonas agus chòrd e glan riutha pàirt a ghabhail sa bhall-choise agus na sgilean cànan aca a chleachdadh cuideachd; agus
- bha Sgioba na Gàidhlig ag obair gu dlùth le grunn bhuidhnean a leithid High Life na Gàidhealtachd, Fèisean nan Gàidheal, An Comunn Gàidhealach, Fèis Rois, buidhnean is urrasan coimhearsnachd, Spòrs Gàidhlig, FC Sonas, Bòrd na Gàidhlig, Comunn na Gàidhlig, Leasachadh Sgilean na h-Alba, Ainmean-Àite na h-Alba, Sabhal Mòr Ostaig, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba agus mòran eile. Bha seo ri mholadh.

4. Taisbeanadh – Ainmean Àite na h-Alba

Thug a' Bh-uas Eilidh Scammell, Manaidsear Ainmean Àite na h-Alba (AÀA), seachad taisbeanadh dhan Chomataidh mun dòigh sa bheil com-pàirteachas Ainmean-Àite na h-Alba ag obrachadh gus taic a chur ri Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd. Mhìnich i dreuchd AÀA, mar a thòisich e, na h-amasan aige, maoin eachadh, agus pròiseactan a tha a' dol air adhart.

Rè na deasbaireachd, thog na Buill na puingeon a leanas:-

- bha Comhairle na Gàidhealtachd a' dèanamh obair mhòr gus a' Ghàidhlig a chur air adhart;
- bha ainmean-àite Gàidhlig bunaiteach a thaobh dualchas is eachdraidh na Gàidhealtachd agus bha iad tric a' toirt sealladh air na dh'fhaodadh a bhith air gabhail àite an sin san àm a dh'fhalbh;
- bha 4,774 ainm-àite ann an stòr-dàta AÀA, a' sealltainn gun deach rannsachadh farsaing a dhèanamh;
- chaidh eisimpleir a thoirt seachad far an robh ainmean-sràide Gàidhlig air ùidh a thogail ann an dà-chànanas agus bhathar an dòchas, ann an co-chomhairleachadh le buill ionadail, gum faodadh seo tachairt ann an àiteachan eile;
- cha ghabhadh daoine ri soidhnichean Beurla le litreachadh ceàrr agus mar sin cha robh e iomchaidh gum biodh iad air an litreachadh ceàrr sa Ghàidhlig. Bha soidhnichean le mearachdan a' tarraing aire agus a' togail mì-chliù;
- nan deigheadh cur às do dh'ainmean-àite Gàidhlig, cha bhiodh e fada gus an dìochuimhnicheadh daoine mu dhà-chànanas na sgìre agus, ann an iomadh cùis, bha a' Ghàidhlig air a bhith ann an toiseach;
- bha a bhith a' cleachdadh ainmean-àite Gàidhlig a' sealltainn spèis do luchd-labhairt na Gàidhlig; agus
- bha làthaireachd na Gàidhlig air soidhnichean is mapaichean a' dèanamh a' chànan nas follaisiche.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan taisbeanadh.

5. Eadar-theangachadh Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/14/23 le ceann-latha 14 Lùnastal 2023 leis an Àrd-Oifigear Ghniomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè na deasbaireachd, thog na Buill na puingean a leanas:-

- chaidh taing a thoirt do Sheirbheis Eadar-theangachaidh na Gàidhlig, a tha air a ruith le aon oifigear eadar-theangachaidh, airson na chaidh a choileanadh de dh'obair;
- chaidh moladh gum faodadh Buill ainmean-sgrìobhte dealanach Gàidhlig a chleachdadh gus an cànan a thoirt am follais, gu h-àraid nuair a bhathar a' dèiligeadh ri buidhnean air an taobh a-muigh;
- bu chòir do Chomhairle na Gàidhealtachd air fad cumail ris a' phoileasaidh dà-chànanach aice fhèin agus bha e cudromach gun robh cùisean cunbhalach anns gach raon;
- chaidh aithneachadh gum faodadh cuingealachaidhean ionmhasail a bhith ann ach chaidh togail gum bu chòir eadar-theangachadh mar aon a chur air adhart aig na Comataidhean Gàidhlig. Bha dùbhlain an cois seo a thaobh a bhith a' solarachadh eadar-theangachadh dhaibhsan a bha a' gabhail pàirt air astar;
- bu chòir Seirbheis Eadar-theangachaidh na Gàidhlig agus poileasaidh dà-chànanach na Comhairle a bhith air an neartachadh thar nan seirbheisean, agus bu chòir innse do luchd-leasachaidh is cunnradairan agus/no cur nan cuimhne nach robh e idir freagarrach eadar-theangachadh Google a chleachdadh seach gun robh mearachdan buailteach tighinn am bàrr; agus
- bha ainmean-àite Gàidhlig air an dearbhadh ann an co-chomhairleachadh le AÀA, le aire do cho cudromach 's a tha e a bhith a' gleidheadh dhual-chainntean ionadail far am b' urrainnear.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. dhan obair a chaidh a dhèanamh a thaobh eadar-theangachadh Gàidhlig; agus
- ii. dha na leasachaidhean a tha a' gabhail àite an-dràsta agus dhan fheadhainn a tha san amharc.

6. Coileanadh mu Choinneimh Plana na Gàidhlig 3

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/16/23 le ceann-latha 8 Lùnastal 2023 leis an Àrd-Oifigear Ghniomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè na deasbaireachd, thog na Buill na puingean a leanas:-

- bhathar a' cur fàilte air an àrdachadh ann an àireamhan sgoilearan ach bha eagal ann gum faodadh gainnead luchd-obrach foghlaim Gàidhlig droch bhuaidh a thoirt air a seo, gu h-àraid le iarrtas a' fàs airson tidsearan FtG ann am meadhan na h-Alba. Ach bha Comhairle na Gàidhealtachd, ann an com-pàirteachas le Sabhal Mòr Ostaig, air a dhol an lùib dòigh-obrach shoirbheachail gus an àireamh thidsearan pròbhaidh sa Ghàidhealtachd a mheudachadh; agus
- bha a' Ghàidhlig a' toirt chothrom do dhaoine òga agus bha e cudromach buannachdan dà-chànanais a shealltainn. Bha daoine òga air tadhal air Dùn nan Gall ann an Èirinn o chionn ghoirid agus bha seo air sealltainn dhaibh gun robh àiteachan eile a leithid seo, agus a' Chuimrigh, a' brosnachadh is a'

tasgadh ann an cànanan dùthchasach. Bha dà-chànanas a' toirt sgilean beatha cudromach do dhaoine òga.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

7. Foghlam Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/16/23 le ceann-latha 8 Lùnastal 2023 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè na deasbaireachd, thog na Buill na puingean a leanas:-

- chaidh moladh a dhèanamh air an àrdachadh ann an iarrtas airson Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) ann an Inbhir Pheofharain agus bha an Ceannard ùr airson a bhrosnachadh;
- thug an aithisg am follais mar a bha Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt taic do dh'amas Riaghaltas na h-Alba a thaobh na bha iad airson a choileanadh tro Achd na Gàidhlig (Alba), gu h-àraid tro FtG. Bha e cudromach seo a thoirt am follais do dh'Fhoghlam Alba agus Riaghaltas na h-Alba gus am faigheadh Comhairle na Gàidhealtachd an taic a bha a dhìth gus seo a chumail suas is a neartachadh;
- bha dùbhlain ann a thaobh comas tidsearan a sholarachadh anns gach sgìre far an robh iarrtas airson FtG, chan ann a-mhàin sna sgìrean anns an robhar a' bruidhinn na Gàidhlig gu traidiseanta;
- bha cuingealachaidhean ann nuair a bha sgoilearan a' ruigsinn àrd-sgoiltean agus bha mòran a' faireachdainn nach robh roghainn ann cumail a' dol len cuid sgoilearachd Gàidhlig agus dh'fhàgadh cuid às aonais teisteanas Àrd-Ìre Gàidhlig. Cha b' e a-mhàin gun robh seo na chall dhan neach fhèin, ach cuideachd do choimhearsnachd na Gàidhlig.
- chaidh iomradh a thoirt air na h-àireamhan ìosal a bha air Àrd-Ìre Gàidhlig a shuidhe, gu h-àraid seach gun robh àireamh fada na bu mhotha air a bhith a' dèanamh Gàidhlig. Ach, thog feadhainn eile gun robh FtG barrachd mu dheidhinn dòigh-obrach iomlanach a thaobh bogadh cànan seach sgoilearachd agus gun robh FtG ann cuideachd gus taic a thoirt dhan Ghàidhlig mar chànan na coimhearsnachd; agus
- dh'fhaodadh duilgheadasan a bhith ann a thaobh a bhith a' solarachadh àrainneachdan FtG mar a bha àireamhan a' fàs.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. dhan chunntas às ùr a thaobh Sgrùdadh So-dhèantachd Foghlam Gàidhlig 3–18 Inbhir Nis;
- ii. dhan t-suidheachadh làithreach mun iarrtas airson Foghlam tron Ghàidhlig airson na Comraich; agus
- iii. dhan phròiseas cho-chomhairleachaidh agus dhan chunntas às ùr a thaobh solar Foghlam tron Ghàidhlig airson Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, Inbhir Pheofharain agus Inbhir Narann.

8. Solar agus Taic dhan Ghàidhlig – Breith gu Trì

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/17/23 le ceann-latha 2 Lùnastal 2023 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè na deasbaireachd, thog na Buill na puingean a leanas:-

- 's e roinn fìor chudromach a th' ann am breith gu trì agus cha robhar an-còmhnaidh a' toirt aire gu leòr dhi;
- dh'fhaodadh an lùghdachadh 25% san àireimh chloinne fo aois 1 bhliadhna duilgheadasan adhbharachadh air feadh na Gàidhealtachd;
- bha e fìor chudromach gum biodh cothrom aig cloinn a bhith an lùib na Gàidhlig sna bliadhnaichean tràtha agus dh'fhaodadh seo a bhith buannachdail dhaibh trom beathannan air fad, a' ciallachadh gum biodh e na b' fhasa cànanan eile ionnsachadh san àm ri teachd; agus
- chaidh fiosrachadh a shireadh agus a thoirt seachad mu na raointean a bha a' faicinn iarrtas a' fàs airson seirbheisean Gàidhlig 0–3.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg; agus
- ii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gun deigheadh cuireadh a thoirt do dh'ùghdar/an na h-aithisg rannsachaidh nàiseanta air Roinn Breith gu Trì agus Bòrd na Gàidhlig tighinn gu coinneamh Chomataidh na Gàidhlig san àm ri teachd.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 12.20 f.